

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/5/25

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Gearran 2025

Tìotal Aithisge: Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd – Prìomhachasan Ro-innleachdail Plana na Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mu:

- a) na prìomhachasan ro-innleachdail làithreach a thaobh Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) taobh a-staigh Plana na Gàidhlig, Cuspair 1 – Coimhearsnachdan agus Dachaigh:
 - 1.1: Leudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lìonraidhean anns a bheil iad.
 - 1.2: Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlaichean san dachaigh.
- b) na prìomh raointean leasachaidh làithreach is teachdail gus taic a chur ri bhith a' libhrigeadh a' chuspair Coimhearsnachdan agus Dachaigh ann am Plana na Gàidhlig (PnG).

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

3. Builean

3.1 Goireas – Is urrainnear na tha a dhìth a thaobh ghoireasan a choinneachadh taobh a-staigh a' phrìomh bhuidseat làithrich a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, agus Maoin nam Planaichean Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig)

- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a’ tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a’ tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh’uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil buaidhean Slàinte is Sàbhailteachd a’ tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ neartachadh na Gàidhlig ann an Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a’ beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a’ phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a’ tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 ’S e aithisg sgrùdaidh agus/no ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Raon Prìomhachais 1.1: Leudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lìonraidhean anns a bheil iad.

Buil rùnaichte

- Leasaichidh Comhairle na Gàidhealtachd planaichean airson ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachdan Gàidhlig timcheall air na sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin, agus timcheall air sgoiltean le roinn Foghlam tron Ghàidhlig airson taic a chur ri sgoilearan Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

Raon Prìomhachais 1.2: Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlaichean san dachaigh.

Buil rùnaichte

- Cruthaich cothroman airson taic a thoirt do phàrantan is do theaghlaichean gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh anns an dachaigh.

5.1 Gus prìomhachas ro-innleachdail 1.1 a thoirt gu buil:

- Obraichidh oifigearan ILC Sgioba na Gàidhlig air leasachadh phròiseactan cànanain Gàidhlig còmhla ri bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean FtG. Gus an obair chom-pàirteach le sgoiltean FtG a chur air stèidh fhoirmeil, ùraichidh na h-oifigearan ILC agus Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig am Plana Leasachaidh Gàidhlig a th' ann an-dràsta gus ceangal leis na sgoiltean.
- Bheir plana leasachadh coimhearsnachd na Gàidhlig taic do phàrantan is do sgoilearan FtG, agus do choimhearsnachd sgoile na Gàidhlig san fharsaingeachd, gus taic a chur ri prìomhachasan leasachaidh sgoile. Leasaichidh oifigearan ILC planaichean an toiseach airson nan trì sgoiltean sa bheil Gàidhlig a-mhàin sa Ghàidhealtachd.

5.2 Gus prìomhachas ro-innleachdail 1.2 a thoirt gu buil: (Rin libhrigeadh ro 2025/26)

- Airson taic a thoirt do phàrantan FtG agus sgoiltean FtG, tha Sgioba na Gàidhlig air maoineachadh fhaotainn on taobh a-muigh tro Bhòrd na Gàidhlig gus pròiseact Goireasan Didseatach do Phàrantan a leasachadh.
- Ùraichidh am pròiseact an Leabhar-làimhe Fiosrachaidh do Phàrantan, a' gabhail a-steach goireasan taic do phàrantan agus thèid ùrachadh a dhèanamh air fiosrachadh mu na buidhnean Gàidhlig a tha an-dràsta a' toirt taic do theaghlaichean FtG.
- Bidh an leabhar-làimhe ri fhaotainn airson a chleachdadh aig tachartasan brosnachaidh Gàidhlig, agus mar ghoireas a bhios ri fhaotainn do Thràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus sgoiltean FtG. Tron phròiseact, thèid ùrachadh is didseatachadh a dhèanamh air cùrsa Gàidhlig na Dachaigh aig Comhairle na Gàidhealtachd do phàrantan.

6. Prìomh Leasachaidhean airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd ann am Foghlam

6.1 Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne. Libhrigidh oifigearan ILC na gnìomhan a leanas thar beatha a' Phlana:

- Libhrig am plana trì-bliadhna Breith gu Trì Gàidhlig.
- Leasaich an goireas Fàs Foghlaim, agus dèan cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh le Plana Nàiseanta na Gàidhlig, le bhith a' leasachadh duilleag-fiosrachaidh mu FtG; agus
- Ùraich an leabhar-làimhe fiosrachaidh FtG do phàrantan aig Comhairle na Gàidhealtachd.

6.2 A' Toirt Taic do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig sa Bhun-sgoil. Libhrigidh oifigearan ILC na gnìomhan a leanas thar beatha a' Phlana:

- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs is ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh airson sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Lean air adhart ag obair còmhla ri Ainmean-Àite na h-Alba gus cùrsa ainmean-àite Gàidhlig a leasachadh do sgoilearan bun-sgoile FtG.

- Lean air adhart a' leasachadh phlanaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, cuir tachartasan togail-aire air dòigh, agus lean air adhart a' co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail tron bhuidhinn nàiseanta Gàidhlig GLAD.
- Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, glèidh maoineachadh on taobh a-muigh gus taic a chur ri bhith a' leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach is iomairtean coimhearsnachd, agus ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG cuimsichte, libhrig làithean cultarach Gàidhlig.
- Thoir seachad prògraman de ghnìomhan is de thachartasan Gàidhlig tro làithean-saora na sgoile gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh foghlam foirmeil.
- Obraich le raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan spòrs agus cothroman ann an ceannardas spòrs a libhrigeadh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Thoir taic do thachartasan spòrs ann an sgìre na Gàidhealtachd is gu nàiseanta, a leithid Cuach na Cloinne agus Cupa Iomain na h-Òige do sgoilearan FtG aois bun-sgoile.

6.3 A' Toirt Taic do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig san Àrd-sgoil. Libhrigidh oifigearan ILC na gnìomhan a leanas thar beatha a' Phlana:

- Meudaich an taic lionrachaidh do sgoilearan FtG anns na h-àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte ris na sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin.
- Cuir air dòigh agus libhrig pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna do sgoilearan FtG agus luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil.
- Cuir air dòigh tursan còmhnaidheach Gàidhlig do dh'òigridh a bhios a' brosnachadh na Gàidhlig, agus ceanglaichean cànan is cultair eadar na dùthchannan Ceilteach.
- Obraich ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus prìomh bhuidhnean ionadail is nàiseanta gus tachartas dreuchdan Gàidhlig a chur air dòigh do sgoilearan àrd-sgoile gach bliadhna.
- Meudaich gnìomhan neo-churraicealach a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig agus ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig.
- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs is ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh airson sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean Gàidhlig a leithid Comunn na Gàidhlig (CnaG), Iomain Cholm Cille (ICC) agus FC Sonas, agus High Life na Gàidhealtachd (HLG) airson tachartasan spòrs Gàidhlig ionadail is nàiseanta a libhrigeadh.
- Lean air adhart a' libhrigeadh thachartasan coidsidh airson Ceannardas Spòrs Gàidhlig Àrd-sgoile ann an co-bhann le High Life na Gàidhealtachd.

7. A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan

7.1 A' Toirt Taic dhan Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan. Libhrigidh oifigearan ILC na gnìomhan a leanas:

- Lìbhrig cothroman gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach ann an co-theacsa coimhearsnachd, a leithid tursan còmhnaidheach is tursan iomlaid do dh'inbich.
- Cruthaich goireas cànan Gàidhlig air-loidhne do phàrantan FtG, airson taic a thoirt dhan Ghàidhlig san dachaigh.
- Lean air adhart a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd leis na prògraman aca de ghnìomhan Gàidhlig.
- Gach bliadhna, cuir air dòigh tachartas trèanaidh do dh'oidean Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Cuir air dòigh 'FtG agus Buannachdan Dà-chànanaich', le amas air pàrantan thràth-bhliadhnaichean.
- Cuir air dòigh iomairtean ionnsachadh teaghlaich agus tachartasan brosnachaidh gus taic a thoirt do phàrantan is sgoilearan FtG.
- Cuir air dòigh agus lìbhrig Seachdain Ionnsachadh Gàidhlig Teaghlaich ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig.
- Lean air adhart a' tabhann chlasaichean adhartach Gàidhlig gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig san dachaigh.
- Lìbhrig raon de thachartasan coimhearsnachd Gàidhlig, a' gabhail a-steach cothroman airson gnìomhan eadar-ghinealaich.
- Rannsaich iomairtean le buidhnean com-pàirteach airson dèanamh a-mach far a bheil sgoilearan a bha an lùib FtG air cumail a' dol le foghlam adhartach. Thèid toraidhean an rannsachaidh a cho-roinn le luchd-ùidhe.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 27 Faoilleach 2025

Ùghdaran: Shona NicPhàdraig, Dolina Ghrannnd, Oifigearan Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: